



Margaidh-obrach na Gàidhlig – Am Fiosrachadh Dearbhte Geàrr-chunntas

Leasachadh
Sgilean na
h-Alba

Skills Development Scotland

BÒRD NA
GÀIDHLIG



Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gaidhealtachd 's nan Eilean



Damien Yeates

Àrd-oifigear: Leasachadh Sgilean na h-Alba

Mar a bu chòir dhaibh a bhith, tha tòrr dhaoine ann an Alba moiteil às an obair mhòir a thathar a' dèanamh gus dèanamh cinnteach gun glèidh daoine na sgilean Gàidhlig aca agus gun ionnsaich iad sgilean Gàidhlig ùra. Gu dearbh, tha Leasachadh Sgilean na h-Alba (LSA) moiteil às a bhith a' cuideachadh le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart, agus sin carson a dh'fhoillsich sinn an dàrna Plana Gàidhlig againn an-uiridh, le fios air na dòighean san gabh brosnachadh is taic a thoirt do dhaoine gus cur ris na sgilean Gàidhlig aca. B' e aon de na geallaidhean a bh' anns a' Phlana, gun obraicheamaid ann an com-pàirt ri buidhnean poblach eile gus fiosrachadh a chruinneachadh mun mhargaidh-obrach a shealladh luach nan sgilean Gàidhlig aig daoine air feadh Alba. Tha an rannsachadh seo a' coileanadh a' gheallaidh sin, agus e a' toirt dhuinn fiosrachadh cudromach a bhios mar phàirt de thobar fiosrachaidh mhionaidich dhearbhte air na th' ann de dhaoine le sgilean Gàidhlig agus air an iartas a th' ann airson a leithid a luchd-obrach, agus cuidichidh am fiosrachadh sin le bhith a' sealltainn ciamar as fheàrr a bu chòir taic a thoirt don chànan is leasachadh sgilean Gàidhlig san àm ri teachd. Tha

e mar phàirt de ar dòighean-obrach ro-innleachdail far a bheil sinn a' togail air an adhartas a rinneadh a-cheana, a' stèidheachadh iomairtean ùra agus targaidean soilleir, agus sin uile a' dèanamh follaiseach an taic mhòr a tha LSA a' toirt do chànan is cultar na Gàidhlig. An lùib sin thathar a' tabhann Phreantasachdan Bun-ìre agus Nuadh-phreantasachdan ann an Gàidhlig far a bheil feum follaiseach orra, a' leudachadh air na seirbheisean a tha air an toirt seachad ann an sgoiltean tron Ghàidhlig, a' cruthachadh ghoireasan eadar-lìn agus a' dèanamh sanasachd air dreuchdan Gàidhlig. Anns gach raon leasachaidh sin, cumaidh LSA orra ag obair le taghadh farsaing de luchd-compàirt, agus bu mhath leam taing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus do gach buidheann a bha air an riochdachadh air a' Bhuidhinn Stiùiridh airson an cuid taice is eòlais a chuidich leis an rannsachadh seo.

Facal-toisich



Shona MacLennan
Ceannard: Bòrd na Gàidhlig

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig am Plana Cànanain Nàiseanta Gàidhlig (PCNG) ùr o chionn ghoirid a tha a' gabhail a-steach nam bliadhnaichean 2018 gu 2023. Tha amas soilleir sa PhCNG ùr - gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean – agus tha e cuideachd ga dhèanamh follaiseach cho cudromach 's a tha luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig do dh'Alba. Tha am fiosrachadh dearbhte a fhuaras bhon rannsachadh seo a' daingneachadh gu soilleir tòrr de na prìomh phrionnsapalan air a bheil am PCNG stèidhichte, gun lean an t-iarrrtas làidir a th' ann airson obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach thar nam beagan bhliadhnaichean ri thighinn ann an roinnean nan tràth-bhliadhnaichean is cùraim-chloinne agus foghlaim agus san roinn phoblaich agus gu bheil e coltach gun nochd cothroman sgoinneil do luchd-obrach le sgilean Gàidhlig air feadh nan gnìomhachasan cruthachail, agus sna roinnean turasachd is dualchais. Tha Bòrd na Gàidhlig gu soilleir den bheachd gu bheil barrachd obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach agus obraichean far a bheil an neach-dreuchd a' cleachdadh Gàidhlig cudromach don

amas, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. 'S e an dùbhlán as motha a tha ro Bhòrd na Gàidhlig agus na buidhnean a tha ag obair ann an com-pàirt rinn an lùib foghlaim is leasachadh sgilean, dèanamh cinnteach gu bheil an àireamh dhaoine le sàr sgilean Gàidhlig a tha a' thighinn a-steach chun na margaidh-obrach a' freagairt air an iarrrtas a th' ann bho luchd-fastaidh san roinn phoblaich, phrìobhaidich agus shaor-thoileach, agus bho air feadh Alba. Gus am PCNG ùr a thoirt gu buil, tha e riatanach gum bi co-obrachadh ann eadar buidhnean agus tha an rannsachadh seo a' toirt dhuinn fìor dheagh eisimpleir de sin. Bu mhath leam taing a thoirt don a h-uile duine a chuidich le bhith ga dhèanamh is ga chur air dòigh, gu h-àraidh ar co-obraichean aig Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a thug maoineachadh don phròiseact seo còmhla rinn.

Facal-toisich



Charlotte Wright

Àrd-oifigear: Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

Tha a' Ghàidhlig na pàirt fìor chudromach de raon-ùghdarrais Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a tha a' toirt còmhla leasachaidhean eaconamach is coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha ar Plana Gàidhlig 2017-22 a' cur an cèill ar n-amasan is cinn-uidhe airson na Gàidhlig. 'S e pàirt cudromach den Phlana a bhith a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cur Gàidhlig gu feum mar stòras às am faighear luach sòisealta is eaconamach ann an caochladh shuidheachaidhean – mar a chaidh a dhearbhadh leis an rannsachadh, 'Ar Stòras Gàidhlig', a chaidh a chur air dòigh fo stiùir HIE. Cho-dhùin an luchd-rannsachaidh gum faodadh a' Ghàidhlig suas ri £148.5m a chur ri eaconamaidh na h-Alba gach bliadhna. Tha sinn air a bhith an teis-meadhan leasachadh na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan. Tha sinn air cuideachadh le bhith a' stèidheachadh ghruinn bhuidhnean, agus tha sinn air taic a thoirt do dh'iomadh buidheann feuch an urrainn dhaibh leantainn leis

an obair aca, agus iad uile a' cuideachadh le bhith a' toirt na Gàidhlig air adhart. Nam measg tha ar buidhnean com-pàirteach leithid Comunn na Gàidhlig agus An Comunn Gàidhealach, Fèisean nan Gàidheal agus iomadh buidheann eile. Tha an rannsachadh seo air Margaidh-obrach na Gàidhlig a' coimhead air na th' ann de dhaoine le sgilean Gàidhlig agus air an iarrtas a th' ann airson a leithid a sgilean agus tha e a' comharrachadh nan cothroman is nan dùbhlann a th' ann. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' cumail oirnn ag obair còmhla ri gnothachasan, iomairtean sòisealta agus buidhnean coimhearsnachd as urrainn piseach a thoirt air cùisean tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig agus iad a' cuideachadh gus làn-bhuannachdan fhaighinn don chànan.

Geàrr-chunntas

A' Ghàidhlig

A rèir nan toraidhean bhon Chunntas-shluaigh ann 2011 bha còrr is 87,000 duine ann an Alba aig an robh comasan Gàidhlig gu ìre air choreigin. Ged a tha cuid mhath de luchd-labhairt na Gàidhlig fha-thast a' fuireach sna sgìrean dham buin an cànan gu dùthchasach, leithid na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan Siar, tha barrachd is barrachd luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh a-nis a' fuireach ann am bailtean leth-char mòr agus sna bailtean-mòra. Tha sgìre Baile Ghlaschu a-nis am measg nan trì prìomh sgìrean aig a bheil an àireamh as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.¹

Tha poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba gu h-àraidh air a bhith nan cùl-taic do dh'adhartachadh na Gàidhlig air feadh Alba, leithid Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha ag amas air 'inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla'. Mar phàirt den amas sin, chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh fon Achd mar bhuidheann leasachadh na Gàidhlig. Tha àite fìor chudromach aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' dealbh phlanaichean nàiseanta is ro-innleachd airson na Gàidhlig agus ann a bhith ag obair le buidhnean poblach gus an cuideachadh le bhith ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig dhaibh fhèin.

1 <https://www.nrscotland.gov.uk/news/2015/scotlands-census-2011-gaelic-report-part-1>

Tha poileasaidhean foghlaim cuideachd air a bhith fìor chudromach airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a thoirt air adhart, agus tha am foghlam sin air a bhith gu h-àraidh cudromach do leasachadh a' chànan ann an sgìrean far nach robh Gàidhlig gu dùthchasach, lethid Ghlaschu.²

Tha grunn bhuidhnean eile a' cur, ann an dòighean cudromach, ris an iomairt gus Gàidhlig a thoirt air adhart. Nam measg tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE), a tha air oidhirp a dhèanamh gus sealltainn dè dh'fhaodadh a' Ghàidhlig a chur ris an eaconamaidh. San rannsachadh aig HIE, Ar Stòras Gàidhlig, chaidh a dhearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig a' cur mu £5.6m ris an eaconamaidh an-dràsta agus gum faodadh i suas ri eadar £82m is £149m a chur ris an eaconamaidh.³ Tha buidhnean ealain leithid Fèisean nan Gàidheal, a bhios a' cur air dòigh cothroman oideachaidh airson nan ealain Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, agus An Comunn Gàidhealach, a bhios a' cur a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail air dòigh, air obair phrìseil a dhèanamh ann a bhith a' togail ìomhaigh na Gàidhlig agus a' toirt cothrom do dhaoine barrachd eòlais a chur air a' chànan. Tha BBC ALBA cuideachd air ìomhaigh na Gàidhlig a thogail gu mòr. Tha Ùghdarrasan Ionadail, gu h-àraidh Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Earra-Ghàidheal is

2 <http://www.gov.scot/Publications/10/07/06161418/17>

3 <http://www.hie.co.uk/common/handlers/download-document.ashx?id=0e113231-5668-4945-b1db-e88a137a738d>

Bhòid, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar, air obair fìor chudromach a dhèanamh ann a bhith a' stèidheachadh agus a' lìbhrigeadh FtG.

Bha e na amas leis an rannsachadh seo fiosrachadh dearbhte a chruinneachadh mu mhargaidh-obrach na Gàidhlig mar a tha i an-dràsta agus coimhead air na dòighean san gabhadh tuilleadh taice a thoirt don mhargaidh agus san gabhadh a' mhargaidh a leasachadh. Bha an rannsachadh gu h-àraidh a' coimhead air mar a tha na sgìlean Gàidhlig a tha aig daoine a' freagairt air an t-seòrsa iarrtasan a tha aig fastaichean airson sgìlean Gàidhlig. Ann a bhith a' dèanamh sin, bha an rannsachadh ag iarraidh togail air an obair a rinneadh leis An Sgrùdadh air Cosnaidhean Gàidhlig, sgrùdadh a chaidh a dhèanamh ann an 2012 air fastaichean aig an robh obraichean Gàidhlig. Tha an Geàrr-chunntas seo air aon de thrì toraidhean a thàinig bhon rannsachadh seo. Na chois tha clàran-fiosrachaidh a tha a' toirt geàrr-iomradh air an rannsachadh air aon duilleag agus gheibhear cuideachd aithisg nas motha a tha a' toirt cunntas mionaideach air an fhiosrachadh a chaidh a chruinneachadh.

An t-iarrtas airson Sgilean Gàidhlig

Seach nach eil Gàidhlig air a h-aithneachadh mar roinn eaconamach fa leth, agus feum air sgilean Gàidhlig air feadh tòrr dhiofar roinnean, chan eil na sgrùdaidhean cosnaidh a thathar a' dèanamh an-dràsta ga comharrachadh mar sgil. Air an adhbhar sin, chaidh ceisteachan a sgaoileadh am measg fhastaichean a chaidh a chomharrachadh mar fheadhainn a bhiodh buailteach a bhith a' sireadh sgilean Gàidhlig gus dealbh fharsaing a thoirt dhuinn air an iarrtas a th' ann an-dràsta airson leithid a sgilean ann am margaidh-obrach na Gàidhlig agus a bhios ann san àm ri teachd. Cha b' e cunntas-sluaigh fhastaichean a bh' anns a' cheisteachan agus cha robhar ag iarraidh dealbh iomlan a tharraing de chosnaidhean Gàidhlig air feadh Alba. Ge-tà, tha e air sealladh a thoirt dhuinn air na pàtran an a' th' ann an-dràsta agus a dh'fhodadh a bhith ann san ùine air thoiseach a thaobh chosnaidhean Gàidhlig.

Far a bheil na Cosnaidhean Gàidhlig

Dìreach mar a dhearbhadh An Sgrùdadh air Cosnaidhean Gàidhlig ann an 2012, sheall an sgrùdadh againn air fastaichean gun robh a' chuid as motha de na cosnaidhean Gàidhlig fhathast stèidhichte sna sgìrean aig Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Baile Ghlaschu. Tha sin mar chomharra air mar a tha a' chuid as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig is sgoilearan

FtG a' fuireach sna sgìrean sin. Gu h-àraidh ann an Glaschu, tha leudachadh nach beag air a bhith ann air FtG sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, oir dh'fhosgail bun-sgoil Ghàidhlig ùr ann an 2016 agus tha planaichean ann gus an treas bun-sgoil FtG fhosgladh a dh'aithghearr. Sheall an ceisteachan gu bheil FtG fhathast na roinn fìor chudromach a thaobh chosnaidhean Gàidhlig thoradh bha còrr is leth de na dreuchdan far an robh Gàidhlig na sgil riatanach aig na h-Ùghdarrasan Ionadail. B' e Foghlam Adhartach is Àrd-ìre an roinn a bu chudromaiche a thaobh dhreuchdan far an robh Gàidhlig na buannachd.

Sgrùdadh air Cosnaidhean a rèir Gnè

Sheall an ceisteachan cuideachd gu bheil barrachd bhoireannaich na fireannaich fhathast ag obair sna dreuchdan Gàidhlig, agus gur ann aig boireannaich a bha a' mhòr, mhòr-chuid de dhreuchdan a chaidh a chomharrachadh mar dhreuchd far an robh Gàidhlig riatanach no na buannachd. Tha e buailteach gu bheil sin a' tachairt air sàillibh gu bheil tòrr de chosnaidhean Gàidhlig rim faighinn ann an roinnean leithid Foghlam agus Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne far am bi barrachd bhoireannaich ag obair gu h-àbhaisteach. Tha toraidhean a' cheisteachain a' sealltainn gu bheil e nas coltaiche gum faighear cosnaidhean Gàidhlig co-cheangailte ri dreuchdan aig ìre nas àirde, oir bha a' mhòr-chuid de na h-obraichean a chaidh a chomharrachadh nan dreuchdan proifeiseanta aig daoine aig an robh

ceum.

An t-Iarrtas san Ùine ri Thighinn

A thaobh an iarrtais airson sgilean Gàidhlig san ùine ri thighinn, thuirt an luchd-freagairt gun robh iad an dùil 40 dreuchd ùr a stèidheachadh san ath 12 mhìos far am biodh Gàidhlig na sgil riatanach no na buannachd. Bha a' mhòr-chuid de na dreuchdan sin gu bhith aig Ùghdarrasan Ionadail agus ann an sgìre Baile Ghlaschu. Tha e coltach gur e an leudachadh a thathar an dùil a thoirt air FtG san sgìre an t-adhbhar airson sin.

Aig ìre nas fharsaing, thug an sgrùdadh sùil air ro-mheasaidhean cosnaidh air feadh Alba, agus thugadh sùil nas mionaidiche air ceithir roinnean a chaidh a chomharrachadh san aithisg, Ar Stòras Gàidhlig, mar roinnean cudromach airson chosnaidhean Gàidhlig: Rianachd Phoblach, Gnìomhachasan Cruithachail, Foghlam agus Turasachd. A rèir an sgrùdaidh, eadar 2015 is 2027 thathar a' tuairmse gun tèid 98,000 obair ùr a stèidheachadh air feadh Alba, àrdachadh de 4%. Air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, far a bheil àireamh mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig, thathar a' tuairmse gun tig àrdachadh de 1% no 2,900 obair a bharrachd.

A thaobh nan ceithir roinnean cudromach, thathar a' tuairmse gum bi àrdachadh math de 9% is 10% ann airson nan Gnìomhachasan Cruithachail agus

Turasachd air feadh Alba, ach thathar a' tuairmse gun tig lùghdachadh air an àireamh chosnaidhean ann am Foghlam is Rianachd Phoblach. Tha e cudromach gun toirear fa-near do na dh'fhaodadh tachairt do chosnaidhean Gàidhlig an cois atharraichean sna roinnean farsaing seo. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh barrachd chosnaidhean an lùib Turasachd buaidh àraidh agus nas motha a thoirt air cosnaidhean Gàidhlig, thoradh tha barrachd is barrachd obrach ga dèanamh a thaobh turasachd na Gàidhlig, agus sin air a stiùireadh le VisitAlba.⁴ Cuideachd, ged a thathar a' tuairmse gun tig lùghdachadh air cosnaidhean ann am Foghlam san fharsaingeachd, dh'fhaodadh nach tachair sin ann am FtG, oir thuirt na daoine a thug beachdan seachad agus a fhreagair an ceisteachan do dh'fhastaichean gum faodadh tuilleadh leudachaidh a bhith ann am FtG.

Cothroman

Tha poileasaidhean ùra aig Riaghaltas na h-Alba a' dol a chruthachadh cothroman cudromach cuideachd a thaobh chosnaidhean Gàidhlig. Le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha a' chòir a-nis aig pàrantan le clann fo aois sgoile air iarrtas a chur a-steach gu ùghdarras ionadail airson

4 <http://www.visitscotland.org/pdf/VisitScotland%20Gaelic%20Language%20Plan%20-%203%20December%202015.pdf>

Foghlam Bun-sgoile Gàidhlig.⁵ Dh'fhaodadh gun tig leudachadh air an àireimh de bhun-sgoiltean FtG agus dhreuchdan teagaisg mar thoradh air sin. Cuideachd, dh'fhaodadh gun tig leudachadh air an àireimh de chloinn a tha ag ionnsachadh Gàidhlig air sàillibh an sgeama 1+2 chànain, far a bheil a' chòir aig a h-uile pàiste ann an Alba air aon nuadh-chànain a bharrachd ionnsachadh bho P1, agus tèile bho P5, agus mar thoradh air sin dh'fhaodadh gum bi feum air barrachd thidsearan le Gàidhlig.⁶ Dh'fhaodadh gun dèan an gealladh aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh nan tràth-bhliadhnaichean diofar mòr airson chosnaidhean Gàidhlig – sin àrdachadh a thoirt air na h-uairean an-asgaidh airson cùram-chloinne is foghlam nan tràth-bhliadhnaichean gu 1,140 airson clann aois 3 is 4 agus feadhainn aois 2 aig a bheil a' chòir air. Tha barrachd iarrtais ann mu thràth airson foghlam Gàidhlig nan tràth-bhliadhnaichean agus tha e coltach gun cuir an t-àrdachadh seo anns na h-uairean an-asgaidh ris an iarrtas sin.

Dùbhlain

A bharrachd air na cothroman, tha dùbhlain ann cuideachd a thaobh margaidh-obrach na Gàidhlig. Am measg nan dùbhlain a chomharraich an

5 <http://www.gov.scot/Publications/2010/07/06161418/17>

6 <https://go-gaelic.scot/exciting-time-gaelic-new-phase-teacher-training-begins/>

luchd-freagairt agus na daoine bhon deach comhairle iarraidh bha:

- Gainnead thagraichean airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd
- Cion thagraichean leis na sgilean Gàidhlig a tha dhith
- Doirbh tagraichean a lorg leis an dà chuid na sgilean Gàidhlig agus teicnigeach a tha dhith
- Doirbh tagraichean a tharraing airson dreuchdan a tha gu tric stèidhichte ann an àiteachan iomallach

Cuideachd, thuirt na daoine a thug comhairle seachad gu bheil cuid a luchd-labhairt na Gàidhlig ann nach eil a' faireachdainn misneachail ann a bhith a' cleachdadh a' chànain san àite-obrach, agus gu bheil feadhainn eile den bheachd nach eil uiread cothroman ann am FtG gus adhartas a dhèanamh nan dreuchd an coimeas ri foghlam tron Bheurla. Thuirt feadhainn de na daoine a thug beachdan seachad gum faodadh gun robh beachdan neo-mhisneachail mun mhargaidh-obrach agus na cothroman a th' innte gus adhartas a dhèanamh doirbh luchd-labhairt na Gàidhlig a thàladh gus cur a-steach airson nan cothroman

a th' ann, me, sna roinnean airson Foghlam agus Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne. Aig ìre nas fharsainghe, bhathar den bheachd gum feumadh barrachd oidhirp a dhèanamh gus aire phàrantan, luchd-comhairleachaidh dhreuchdan agus sgoilearan a tharraing gun iomadh cothrom obrach Gàidhlig a th' ann.

Sgilean Gàidhlig agus Foghlam

Thuit an àireamh dhaoine ann an Alba aig an robh comasan Gàidhlig gu ìre air choreigin eadar 2001 is 2011 a rèir nan Cunntasan-sluaigh sna bliadhnaichean sin, le lùghdachadh de 5,300 no 6% ann. Ge-tà, bha àrdachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig fo aois 25 san ùine sin.⁷

Dh'fhaodadh gur e an t-adhbhar airson sin an leudachadh a chunnacas ann an cothroman airson foghlam Gàidhlig air feadh Alba. Tha 3,145 sgoilearan bun-sgoile, 1,272 sgoilearan àrd-sgoile agus 1,039 sgoilearan sgoil-àraich ann am FtG an-dràsta agus tha àrdachadh air a bhith san àireimh de sgoilearan is oileanaich aig gach ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha e fìor gu bheil foghlam Gàidhlig fhathast làidir sna sgìrean dùthchasach Gàidhlig leithid na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan Siar, ach tha leudachadh nach beag air a bhith ann an Glaschu agus Dùn Èideann cuideachd.

Ìre na Sgoil-àraich

Aig ìre na sgoil-àraich, tha an àireamh sgoilearan air a dhol an àirde 29% eadar 2011/12 agus 2016/17. Chunnacas àrdachadh nas motha buileach ann an Dùn Èideann far an robh còrr is dùblachadh san àireamh sgoilearan.

Ìre na Bun-sgoile

Bha an aon seòrsa àrdachaidh ann am FtG aig ìre na bun-sgoile, le àrdachadh de 727 sgoilearan no 30% air feadh Alba. Bha an t-àrdachadh a bu mhotha de sgoilearan ann an Glaschu le 229 sgoilearan a bharrachd ann agus bun-sgoil FtG ùr air fosgladh ann an 2016 sa bhaile, agus thàinig cha mhòr dùblachadh gu co-rèireach air an àireamh sgoilearan ann an Dùn Èideann. Cuideachd aig ìre na bun-sgoile, chaidh oidhirpean mòra a dhèanamh gus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a thoirt air adhart agus bha còrr is 7,000 sgoilear bun-sgoile ag ionnsachadh tro phrògraman luchd-ionnsachaidh ann an 2015/16. Tha an obair seo air a bhith gu h-àraidh cudromach ann an sgìrean far nach robh foghlam Gàidhlig de sheòrsa eile ann, leithid na h-Eaglaise Brice far an do ghabh faisg air 1,000 sgoilear bun-sgoile pàirt ann am prògraman do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an 2015/16.

Ìre na h-Àrd-sgoile

Tha fàs air a bhith ann aig ìre na h-àrd-sgoile cuideachd le àrdachadh nas lugha, 15%, san àireamh sgoilearan FtG eadar 2011/12 is 2016/17. A-rithist, chunnacas an t-àrdachadh a bu mhotha ann an Glaschu is Dùn Èideann. San aon ùine, chaidh an àireamh sgoilearan àrd-sgoile a bha an sàs ann am prògraman luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig suas 21% le 552 a bharrachd sgoilearan ann. B' ann ann an sgìrean leithid Siorrachd Àir an Ear, far nach robh a leithid a dh'fhoghlam ann roimhe no glè bheag dheth, a chunnacas meudachadh a bha gu h-àraidh mòr.

Foghlam Adhartach is Àrd-ìre

Tha àrdachadh air a bhith ann cuideachd san àireamh dhaoine a tha a' dèanamh cùrsa Gàidhlig ann am Foghlam Adhartach is Àrd-ìre. A thaobh Foghlam Àrd-ìre, bha 499 oileanaich a' dèanamh chùrsaichean le ceangal ris a' Ghàidhlig ann an 2015/16. Tha an àireamh sin air a dhol suas 12% bho 2009/10. 'S e foghlam Ceiltis an cuspair as cumanta am measg nan cùrsaichean le ceangal ris a' Ghàidhlig, ach tha cuid a dh'oileanaich a' dèanamh chùrsaichean cànan Gàidhlig. 'S e pàirt cudromach eile de dh'Fhoghlam Àrd-ìre Gàidhlig, cùrsaichean do thidsearan Gàidhlig. Ann an 2016/17 air feadh Alba, bha 13 oileanaich a' dèanamh Dioplòma Luchd-ceuma Proifeiseanta ann am

⁷ <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/02/national-gaelic-language-plan2017-22-en.pdf>

Foghlam (PGDE) airson tidsearan Gàidhlig agus bha 8 a' dèanamh ceum BEd Gàidhlig. Tha e cudromach cuimhneachadh, ged a tha na h-àireamhan seo car ìosal, chaidh an àireamh de dh'àiteachan a tha rim faotainn air cùrsaichean do thidsearan Gàidhlig an àirde gu mòr, agus bha 153 àiteachan ann ann an 2016/17.

A thaobh Foghlam Adhartach, bha còrr is 1,400 oileanach clàraichte air cùrsaichean le ceangal ris a' Ghàidhlig ann an 2015/16. Tha an àireamh sin air a dhol suas 10% bho 2008/09. 'S e cùrsaichean pàirt-thìde no goirid a th' anns a' mhòr-chuid de na cùrsaichean seo, agus 's e cùrsaichean Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh a th' ann an tòrr dhiubh. Tha a' mhòr, mhòr-chuid de dh'oileanaich, 81%, a' dèanamh cùrsa far nach fhaigh iad teisteanas aithnichte aig an deireadh. Tha 27% de na h-oileanaich a' dèanamh chùrsaichean ann am Foghlam Adhartach a tha air an teagasg agus air am measadh ann an Gàidhlig.

Tha a' mhòr-chuid de na h-oileanaich a tha clàraichte airson chùrsaichean le ceangal ris a' Ghàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach clàraichte airson chùrsaichean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Bha 94% de na h-oileanaich a bha a' dèanamh cùrsa le ceangal ris a' Ghàidhlig ann am Foghlam Adhartach ann an 2015/16 clàraichte airson chùrsaichean ann an sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus bha cha mhòr 60% de na

h-oileanaich a bha a' dèanamh cùrsa le ceangal ris a' Ghàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre gan dèanamh aig Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Ionnsachadh air Astar agus Ionnsachadh Coimhearsnachd

Tha ionnsachadh air astar agus ionnsachadh coimhearsnachd a-nis nam pàirt nas cudromaiche de dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha Sabhal Mòr Ostaig air a bhith a' tabhann chùrsaichean air astar bho 2000 agus tha iad a-nis a' gabhail a-steach raon farsaing de dhiofar ìrean bho luchd-tòiseachaidh gu ìre iar-cheuma. Ann an 2016/17 bha beagan nas lugha na 350 oileanach clàraichte air na cùrsaichean sin, àrdachadh beag ach cunbhalach bho am beagan a bharrachd air 300 a bh' ann ann an 2011/12.⁸ Cuideachd, bidh Ùghdarrasan Ionadail agus co-laistean a' tabhann chùrsaichean coimhearsnachd agus tha iad sin cudromach ann a bhith a' tabhann chùrsaichean do dh'inbhich airson luchd-tòiseachaidh is daoine a tha airson ùrachadh a thoirt air na ionnsaich iad roimhe.

Mion-sgrùdadh air Neartan, Laigsean, Cothroman is Cunnartan

Nuair a chaidh beachdachadh air an dàta is fiosrachadh eile a chaidh a chruinneachadh san rannsachadh, rinneadh mion-sgrùdadh air na neartan, laigsean, cothroman is cunnartan a th' ann.

Neartan	Laigsean
<ul style="list-style-type: none"> Poileasaidhean is reachdas feumail a tha Riaghaltas na h-Alba air a chur an sàs mar thaic do leasachadh na Gàidhlig. Barrachd FtG, gu h-àraidh ann am meadhan na dùthcha. Tha a' Ghàidhlig nas follaisiche agus thathar a' cur barrachd sùim innte anns na meadhanan, na h-ealain Ghàidhlig, agus leis na Planaichean Gàidhlig aig buidhnean poblach agus tha barrachd aithne ga thoirt do mar a dh'fhaodadh an cànan cur ris an eaconamaidh. Atharrachadh ann an luchd-labhairt na Gàidhlig a rèir aois, me, le àrdachadh san àireimh de luchd-labhairt fo 25 bliadhna a dh'aois tha coltas ann gu bheil barrachd ùidh aig daoine òga sa Ghàidhlig. Thathar a' toirt barrachd aithne am measg dhaoine òga do mar a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig cur ris an eaconamaidh. 	<ul style="list-style-type: none"> Cion dàta air cosnaidhean Gàidhlig, agus tha sin ga dhèanamh doirbh an àireamh de dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd a chunntadh agus tomhas a dhèanamh air gainnead luchd-obrach le sgilean Gàidhlig a dh'fhaodadh a bhith ann an coimeas ris an iarrtas a th' ann airson a leithid a luchd-obrach. Chaidh cùisean co-cheangailte ri 'slighe nan sgilean Gàidhlig' a thogail, oir thuirt grunn math de na daoine a thug comhairle seachad gun robh tòrr dhaoine ann le sgilean Gàidhlig no a bha air a dhol tro fhoghlam Gàidhlig nach robh an uair sin a' cur nan sgilean Gàidhlig aca gu feum san obair aca. Chaidh a ràdh cuideachd gum faodadh daoine stad air an 't-slighe'; me, chan eil sgoilearan bun-sgoile FtG daonnan a' dol air adhart gu FtG aig ìre na h-àrd-sgoile agus an uair sin air adhart gu cùrsa le ceangal ris a' Ghàidhlig ann am Foghlam Adhartach is Àrd-ìre. Cuideachd, thuirt na daoine a thug comhairle seachad agus na daoine a fhreagair an ceisteachan gu bheil duilgheadasan ann a thaobh mar nach eil na dreuchdan Gàidhlig a tha bàn an-còmhnaidh sna sgìrean far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach. Tha seo fìor airson sgoiltean FtG agus seirbheisean nan tràth-bhliadhnaichean, far a bheil cion thidsearan agus luchd-oideachaidh fha-thast ann.
Cothroman	Cunnartan
<ul style="list-style-type: none"> Poileasaidhean taiceil agus barrachd suime ga cur sa Ghàidhlig ann an roinnean leithid Turasachd is na Gnìomhachasan Cruthachail. Chaidh a thoirt fa-near cuideachd gu bheil cothroman ann le luchd-labhairt na Gàidhlig nach eil a' cleachdadh nan sgilean Gàidhlig aca nan obair an-dràsta; faodar am brosnachadh gu bhith a' gabhail chothroman obrach Gàidhlig agus a bhith a' leasachadh nan sgilean dreuchdail aca. Cothroman an lùib Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd/Ionnsachadh do dh'Inbhich. Tha cothroman ann cuideachd sanasachd a dhèanamh am measg fhastaichean air na buannachdan eaconamach a thig bho sgilean Gàidhlig, gu h-àraidh ann an roinnean leithid Turasachd, Na Gnìomhachasan Cruthachail, Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus Cùram Slàinte. Tha mar a tha Gàidhlig na pàirt de na sgeamaichean airson Nuadh-phreantasachdan agus Preantasachdan Bun-ìre a' ciallachadh gum bi cothroman ann gus na slighean obrach Gàidhlig a th' ann do dhaoine òga a leudachadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Atharrachadh sam bith a dh'fhaodadh tighinn air na poileasaidhean nach biodh cho taiceil don chànan. Mar a tha barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig ann an cuid a sgìrean seach sgìrean eile, agus ri linn sin dh'fhaodadh e bhith nas duilghe na buannachdan a thig bho sgilean Gàidhlig a mholadh do ghnòthachasan. Cion thidsearan FtG is luchd-oideachaidh nan tràth-bhliadhnaichean, a dh'fhaodadh stad a chur air meudachadh air FtG agus bidh sin an uair sin a' cur bacadh air leudachadh a dh'fhaodadh tighinn air an àireamh dhaoine le sgilean Gàidhlig. Cion co-òrdanachaidh eadar na diofar bhuidhnean a chuireas bacadh orra bho bhith a' cuideachadh gus barrachd dhreuchdan a stèidheachadh far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd.

Gnìomhan

Thathar a' moladh nan ceithir gnìomhan seo, mar thoradh air an rannsachadh, airson dèanamh cinnteach gun lean an t-adhartas a thaobh sgilean Gàidhlig.

Gnìomh 1 – Ceannas Ro-innleachdail

Buidheann nàiseanta a stèidheachadh le uallach airson chùisean co-cheangailte ri sgilean Gàidhlig, agus a ghabhas ealla ri molaidhean na h-aithisge agus a thogas air an obair a thathar a' dèanamh an-dràsta. Bhiodh e buailteach gum biodh riochdairean air a' bhuidhinn seo bho bhuidhnean leithid: Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, HIE, LSA, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, OGE, agus Oilthighean freagarrach eile, VisitAlba, roinn an Fhoghlaim Adhartaich, companaidhean trèanaidh prìobhaideach, buidhnean gnìomhachais is buidhnean bho dhiofar roinnean, comainn luchd-teagaisg leithid Institiud Foghlaim na h-Alba (EIS)⁹ agus Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoiltean (CLAS).¹⁰ Fo stiùir: Bòrd na Gàidhlig is Leasachadh Sgilean na h-Alba

Gnìomh 2 – Sgrùdadh is Measadh

Gus dearbhadh dè na toraidhean a thig bhon mhaoineachadh a thèid a chosg air sgilean Gàidhlig, thèid barrachd sgrùdaidh is measaidh

a dhèanamh, air a stiùireadh le Bòrd na Gàidhlig, air na ro-innleachdan, iomairtean, obair agus maoineachadh a th' ann gus faicinn ciamar a tha iad a' cuideachadh le bhith a' coileanadh amasan nàiseanta agus amasan fa leth a gheibhear sna diofar Phlanaichean Gàidhlig. Le sin, gheibhear tuigse nas fheàrr air dè tha ag obrachadh agus dè na raointean sa bheil barrachd oidhirpean is taice a dhìth. Fo stiùir: Bòrd na Gàidhlig

Gnìomh 3 – A' Gabhail nan Cothroman

A rèir an fhiosrachaidh a fhuaras tha na cothroman seo ann gus tuilleadh adhartais a dhèanamh a thaobh sgilean Gàidhlig:

- An lùib Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Fo stiùir: Ùghdarrasan Ionadail/Bòrd na Gàidhlig
- Ann an roinnean sònraichte – Turasachd, Na Gnìomhachasan Cruthachail, Tràth-bhliadhnaichean is Cùram-chloinne agus Cùram Slàinte is Sòisealta. Fo stiùir: Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Gàidhlig mar phàirt de na Preantasachdan. Fo stiùir: Leasachadh Sgilean na h-Alba

Gnìomh 4 – Fiosrachadh Dearbhte

Seo an dàrna rannsachadh den t-seòrsa seo far a bheil buidhnean com-pàrteach air rannsachadh a bharantachadh gus fiosrachadh dearbhte a chruinneachadh air margaidh-obrach na Gàidhlig. Le sùil ris an ùine air thoiseach, tha na buidhnean com-pàrteach air cur romhpa dèanamh cinnteach gun cumar a' cruinneachadh is a' cur ris an fhiosrachadh dhearbhte san àm ri teachd:

- Thèid fiosrachadh a chruinneachadh air an iarrtas agus na sgilean/cothroman cosnaidh a th' ann. Fo stiùir: Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.
- Ag obair còmhla ri gnothachasan tro na cothroman a th' ann mu thràth leithid phanalan gnothachais. Fo stiùir: Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Iomairt na h-Alba.

9 <http://www.eis.org.uk/>

10 <https://clas123.wordpress.com/>

A' Cur Fios Thugainn:

Ma tha molaidhean no beachdan agaibh mun aithisg seo, cuiribh post-d gu rsa@sds.co.uk